

E. S. Moraire

Blair 323.
 Prix de agillinn;
 Lets a' Phòid, trì sgillinnean.

TEACHDAIRE NAN GAIDHEAL.

“ Is Cumhachd Eolas.”

Ri linn do THEACHDAIRE NAN GAIDHEAL teannadh ri saothreachadh 'am measg na muinntreach sin do'm b' àill leis a bhì na sheirbheiseach dleas, agus bhò'm bu mhiam leis fàilte fhurannach a's aoidheachd shuibhearra fhaighinn 'an tùs a thurais, is cinnteach gur math leothas bhò'm bheil dùil aige ris a sin fhaotainn fiosrachadh a chluinntinn mu na buaidhean àrda agus na béusan comharaichte leis am bì e a' tagradh an deagh rùn agus an eomhneis chridheil. 'S dù dhàibh gu'm biodh iad amhurrasach mu dheighinn fir ùr a theachd 'nam measg an deigh mar a dh' fhaireadh air gach fear eile a chuireadh roimhe so g'an ionnsaidh anns an èid-eadh chuedna, soirbheachadh. Ach 'se sin an t-aon nì is motha 'tha toirt misnich do "Theachdaire nan Gaidheal." Chumnaic e a chreag air an do sgòilt càch, agus cumaidh e bhuaipe. 'S aithne dha an slochd ann do thuit iad, agus seachnaidh se e. 'S i ar barail na 'n gabhadh iad comhairle Chluig Sgàine, "An rud nach buin duit na buin da," gu'm bitheadh iad na b'fhearr dheth. Dh' fhaoidte gu'n abair cuid gu'n smaoinich am fear a tha na thàmh gur e fèin is fearr làmh a' an stiùir, agus gu'n can cuid eile nach math is aithne dhuin fèin ciod e a bhùineas duinn agus ciod nach buin. Gidheadh feuchaidh sin ri leigeadh fhaicinn daibh nach eil dalladh-eun air air suilean.

Mar Theachdaire nan Gaidheal buinidh e dhuinn fiosrachach a chraobh-sgaoile 'nam measg mu gach ceann de'n t-saoghal; gach cogadh agus cònsaid a bhios eadar rioghachdan mòr 'an domhainn: cunntas a thoirt doibh gu fada farsuin mu naigheachdan coitcheann Bhreatainn, agus gach dùcha a bhùineas dith; air staid malairt a's marsandachd; margainean fèudalaich, clòinne, gràin, feola, agus gach seorsa teachd-an-tir; mu sgorraichean a's drid-thorain air muir agus air tìr; beachd geurcheusach mu leabhraichean ura Gaelic, agus an drasta 's a rithid gearr eachdrainean air Fìneachan agus air cogadhainean nan laithean a thréig. Ann an aon fhacal, buinidh dhuinn gach nì a dheanamh is urrainn sinn chum glòcas agus eolas aimsreil, deagh fhearas-chuideachd, agus eridhealas neo-lochdach, ar luchd dùcha a mheudachadh, gun aobhar oibheum a thóirt dhaibh-san nach aontaich leinn anns gach cùis.

Air an laimh eile, cha bhùin e dhuinn eolas spioradail a chothlamadh suas maille ri seanachas saoghalta, no ceisdean sgrìobharail a thoinneamh mu'n cuairt air conaltradh aimsreil. Cha bhùin e dhuinn dreuchd na Cléire a ghabhail fho laimh, cha'n eil còir no iarrtas againn air; ach ma shaoileas sinn gu'n teid iadsan nair sam bith *thair a' chaille*, biodh iad *daor no saor*, c'arson nach tugadhmaid sgàile 'am bun na chùise dhaibh, san dol seachad, cho cruaidh sa bheireadhmaid do neach eile? Cha 'n eil fùthair againn ri cnideachadh ach bhò fhìor bhèagau dhu, agus bhò chàch cha'n iarr sinn de chaoimheas 'uapa ach an 'Teachdaire a ghabhail, agus iad a phaicheadh gu riaghailteach air a shon. Tha sinn làn chinnteach gu'n dean cuid dui so. Cha bhùin e dhuinn àite a thoirt do dh' aon fhacal a bhios a' eur eràbhaidh no dheagh bheusan an neo-mheas, agus gun bhùinntinn ri dréuchd na cléire, cha dean sin dearmad orra so a chumail a suas le'r n-nìle chridhe. Dh' ainmicheadh a nis a gharbh-chuid de na nithe 'tha sinn a deanamh dheth a bhùineas agus nach buin duinn.

Teachdaire nan Gaidheal.
 GLASCIG, CEUD MHIOS A' GEAMHRAIDH, 1844.

Is gann a ruigeas sinn a leas innseadh gu'n ro a Bhan-rìgh a' tuineachadh car thri seachdainnean 'am Blàr-Annull, air chèlidh aig Moraire Ghlinn-Iobhainn. Tha fios aig air luchd dùcha 'cheana

mu gach nì a thachair fhad sa dh' fhuirich is a Ghaidhealtachd. Cha'n eil teagamh againn nach tig i air a h-ais an ath-bhladhna a chur failt' eile air luchd-aiteachaidh nan gleann nam beann 's nam breacan. Mu'n d'fhalbh i dh'fhag i ceud pònd sanasnach gu 'bhi air an roinn 'am measg sluaigh bhoelhd na sgirachan.

Bha Rìgh na Fraince o chionn ghoirid, latha no dha air aoidheachd aig a Bhan-rìgh an Sasunn, agus cha robh, càrdeas, meas, no aoidhealachd, a b'urraim di a thaisbeanadh dha nach do rinn i. Thug gach usal a's isosal de'n t-sluaigh urram rioghail dha anns gach sràid a's àite 'san do nochd se e fèin. An deigh dha dlù air seachdain a chur seachad le mòr thoillintinn, dh' fhalbh e dhachaidh air di-luain an coigeanh latha deug de'n mhios mu dheireadh, agus rainig e a rioghachd fèin gu sàbhailte trà air feasgar an ath latha. Mu'n d' fhàg e lùchairt rioghail *Windsor* thug e seòr bocsaichean snaoisein òir 'sa dhealbh fèin cuairtiche le daoimeanan, air am brodaibh, do na h-àrd uillean a bha fìriothaladh air, agus fainneachan a's bràiseadan rìomhach òir do na Ban-tighearnan a tha fìriothaladh air a Bhan-rìgh. Thuilleadh air a so, dh'fhàg e mìle pònd sanasnach gu bhì air an roinn 'am measg nan seirbheasach eile. 'Se so a cheud Rìgh Frangach a thainig rianh air aoidheachd do Shasunn.—Bha, mar an ceudna, Iompaire Russia, Rìgh *Shaxony*, Prionusa Lochlainn agus Prionusa no dha rioghail eile air aoidheachd aice air an t-samhradh mu dheireadh. Is taitneach an nì a bhì faicinn cinn chruaidh, mar so, a'taghal air a cheile ann an càrdeas agus ann an sìth.

CHINA.—Bho na chaidh an Rìoghachd bhòsdail so a cheann-sachadh leis an arm Bhreatunnach, o chionn corras da bhliadhna, chaidh gach malairt a b' àbhaist a bhì eadarunn agus na Sìneach a mheudachadh gu mòr. Tha iad a nis' a' faicinn gur e 'bhi ann an sìth ruinn is fearr agus is prodhaitiche dhaibh fèin, 'sa nochda toil malairt a dheanann ruinn air doigh chothromach a's cheart. Tha cunntas fàbhreach, cuideachd, mu'r malairt ris gach ceann' eile de dh' Innean na h-àird'-an-Ear—soitheichean marsandachd a' seòladh air an ais a's air an aghaidh, nì's lìonmhòire a h-nìle mìos.

ТАИТИ.—Tha cuid an barail gu'm faod an t-eilean so, a tha na laidhe ann an cuan deas Innean na h-àird'-an-Ear, a bhì na abharr cogaidh eadar Breatunn 's an Fhraing. Fhuaras a mach an t-eilean so an toiseach le saothach Breatunnach anns a bhliadhna 1767. Da bhliadhna dheug 'ar fluchead an deigh sin thug Rìgh na dùcha cearb mhòr de thaobh tuath an Eilein thairis mar seilbh do mhìnistirean a chaidh a null a' Sasunn 'chum an soisgeal a shearmonachadh. Chaidh an saothair a bheannachadh, thionndaidh a' Rìgh agus an sluaigh uile bhò shaoibh-chràbhadh, agus bhò 'àn sin agus an lath' an diu, tha iad gu'n cunntas fèin fo thearunn Bhreatunn agus Breatunn ag agairt uachrannachd thairis orra-sa. O chionn ghoirid, gun eòir gun cheartas, ghabh Luingeas Frangach seilbh air an Eilean mar gu'm buineadh e do'n rioghachd sin, agus b'èigin do'n Bhan-rìgh, *Pomare*, teicheadh air bòrd luinge Breatunnach a bha aig an àm am fagus; ach o nach robh òrdugh sam bith mu'n chuis aig a Chlaiptein, chan' fhaic e ceart do 'san eadrigin nì b'fhaide na ise a dhìon. Leis a so b'èigin do na eilean-ach bhochda geilleadh, cha b'ann'g an toil, ach cha robh atharrachadh 'nan comas aig an àm. Chum braidhneas nan Frangach a sheachnadh, thug cuid mhòr de na nàisdimich daigheachadh nam beann orra, agus an sòraicheadh iad an doigh a b'fhearr air diòghaltas fhaighinn air an naimheadh. Cho-antaich na h-uibhir de sheoldairean a bhùineadh do'n Roinn Eorpa agus do dh' America còmh-nadh leotha, agus tha'n cunntas mu dheireadh a rainig sinn ag innseadh gu'n do bhrùchd na nàisdimich agus iad so 'nuas as na beanntaibh air camb nam Frangach. Chaidh iad 'nam bad le duinealas a's le dìorras—ann an tiota b'èigin do na saighdearan Frangach an gunnaichean a thilgeal bhuaipa, agus am feum a b'fhearr

a b'urraidn daibh a dheanamh de'n casan. Chaidh mu cheithir fichead diu 'mharrbhadh, agus cha robh call nan màisinnich ach fìor bheag. Ged a bhuidhinn iad, mar so, buaidh-làraich 'sa cheud dol a mach, is cinnteach sinn gu'n dòid iad gu daor, daor, air a shon, oir tha'n cunntas ceudna ag ainmeachadh gu'n robh an Luingeas Frangach a dol mun cuairt air an eilean 'a' losgadh air gach tigh a's daingneachadh air an ruigeadh peillear, a' mortadh mhnathan agus clainne. Is cruadalach ri smaoinneachadh gu'm faod na daoine truagha so 'bhi air an sgrìos agus an Eilean boidheach a bhi air a chreacha, mu'n urrainn cobhair an ruigheachd. Cha'n eil e coltach gu'n leig Breatann le gnòthach co maslach stad an so, gu'n ceadaich i fuil a cuid daoine 'an tìr chein a bhì air a dòrtadh, gun thoirt air na cioutaich diola air a shon. Cha ghabh e iun-seadh fhathas ciomar a bhios a chuis so air a sochdrachadh, ach tha e soilleir nach urrainn an Rìoghachd so laidhe fo leithid a thà-malnt gun dìoghaltas agairt.

Tha m' faogharadh cruinn anns gach cearna de'n dùthaich. Bha toradh tròm, de gach seorsa barra, air Gaidhachd a's air Gaidhealtachd. Tha pailteas bèidh anns an tìr; mairt, ceird a's cosnadh an staid mhath, a's coslas orra marsuinn. Cha robh bho cheann iomadh bliadhna a leithid de dh' aobhar taingeachd aig muinntir na rìoghachd so.

Malairt.—Chithear o'n ehlàr a leanas gu bheil malairt na Rìoghachd a' dol gu mòr na's fearr. Tha'n ehlàr air a dheanamh suas mar gu'n biodh gach bliadhna a crìochnachadh le mìos meadhonach an fhogharaidh. 'Sa bliadhna 184; chaidh luach 10,702,438 pùnd sasunnach de dh' aodach cotain a chur thairis; 'sa' bliadhna 1844, luach 12,792,034 pùnd sasunnach. De shoitichean creadh, 'sa' bliadhna 1843, luach 405,134; 'sa' bliadhna 1844, luach 528,436; de bhathar cruaidh, 'sa' bliadhna 1843, luach 1,099,766, 'sa' bliadhna 1844, luach 1,438,298; de dh' aodach lìn, 'sa' bliadhna 1843, luach 1,852,709, 'sa' bliadhna 1844, luach 2,111,821; de mhòraitean, 'sa' bliadhna 1843, luach 3,405,568; 'sa' bliadhna 1844, luach 4,136,982; de dh' aodach cloimhe, 'sa' bliadhna 1843, luach 4,374,212; 'sa' bliadhna 1844, luach 6,152,880.

Australia.—Chunnaic sinn an làth' roimhe sealladh de lùir a's an dùthaich so, a thainig bho mhaoin usail mbeasail a dh'fhàg Muile o chionn còig a's bliadhna. Tha i ag ràdhainn "Do dhùine aig nach eil a bheag no mhòr de dh' airgid cha'n eil àit air an t-saughal is measa nan dùthaich so; ach do neach aig a bheil beagan airgid, no teachd-a-stigh riaghaitheach, cha'n eil dùthaich sam bith anns an urrainnear teachd beo saor. Tha aodach a's àirneis taighe cho saor a's tha iad aig an taigh. Tha teachd-an-tìr fìor shaor an so—mairt-fheoil a's muil-fheoil de'n t-seorsa 's' fhearr dà sgillinn am pùnd; an tì uaine is fhearr ochd-sgillinn deug; siucar math don dà sgillinn, a's an fear geal còig-sgillinnean; am hùntàta dà phùnd shasunnach an tunna—cho saor 'sa bha mi ga fhaotainn 'am Muile; in sea sgillinnean am pùnd. Tha ubhean daor—dà thastan an dusan. Mál taighe fìor shaor, gu'n chleis an sam bith na dhèigh. Thainich mi trì mìosan 'am *Edinburgh*—bha taigh snasbhor agam, ann an aite taingeach de'n Bhaile, 's an robh ecomar suidh, dà sheomra leapaich, citsin, seilcar, a's stàbul; agus so uille air-ion-srìn 'san t-seachdoinn. Sea mìosan roimhe so bha cheart thaigh an paigheadh dà phuinn shasunnach 'an t-seachdoinn. Leigidh so fhaicinn duit cho ganu 'sa tha airgid 'san dùthaich so an ceart uair."

America aig an òrvas.—Rinn an Bata-toice, an *Britannia*, an turus mun dheireadh, bho th' gu tìr, ann an sea laithean a's ochd uair dèing! Fairthlichidh so air Eachunn Tirisdeach e fein, ged is luath an *Snae* dhùibh.

CALL BÀT-IASGAICH AGUS CEATHIRAR DHAOINE.

Du'n fhàg an bàta mì-fhortannach so, do'm b'ainm *Venus*, *Dunbar* le luchd sgadan, o chionn cheithir 'a deus, gu dol do Bhaile-chath 'an Eirriun. Sheol i air di-làin—bha 'ghaith fàbharach ach fìor làidir. Mar a bha iad a' dol seachad air còrsaibh Ghalthaobh shrachd na sìuil, agus b'èigin daibh sturaidh gu Bàgh-mhic-na-còrde, air taobh tuath Bhaìl ùig. Raining iad an Bàgh goirid an deigh bristeadh an latha air di-ciadain, agus thig iad a mach trì acaichean. Ged a sheid a ghaithi gu bh-namhasach iad an latha, cha do smaoinich an Sgiobair gu'n robh iad 'an ro chumarr; ach mu uair 'sa mhaduinn air di-daoin, chaidh 'n stòirn mi b'ègalaiche—bhris an Bata bho na ceanglaichean, agus thionndaidh iad i gu tìr. Air dlùth bualadh air a ghainmich, cha b'fhad gun bhris an ceann deiridh aice air falbh, agus b'èigin do'n sgioba na cròinn a thoirt orra. Aig an àm so, bha'n fhainge na beannaibh gailbeach, a' taomadh thairis air a Bhaìta, a's i a' bualadh gu tròm air a ghrumnd. 'Nuair a thug iad tiota beag an crochadh mar so ris na cròinn, thuit fear de'n sgioba, na thruaigh! 'an t-aon fhear a chaidh a shàbhaldh, ri càch, gu'n robh e 'cur roimh e fèin earbsa ris a' mhuir, agus chomhairlich e dhaibh, na'n ruigeadh ceann tìr, iad fèin earbsa air an doigh cheudna—gu'n robh e soilleir nach

b'fhad a bhiodh ehlàr rì chéile. Air dha tonn thròmh bhuaireasach fhaicinn a' tighinn, thig se e fèin gu dàna air a b-uchd, a's cha b'fhada gus an robh e air a sguabadh gu sàbhailte air tìr-mòr! Gu'n robh taingeachd mhòr na chridhe 'n tra gabh e a chasan, co is urrain a chuir an teagauh? Lean e gu dlù air tilleadh na tunne cho fad 'sa bha 'na chomas, a' glaothaich 'a chompanaich iad 'gran tilgeadh fèin thar bòrd; ach bha 'ghaith a' séideadh co cruaidh 'na aghaidh a's gu bheil e 'a' smaoinichadh nach cud iad e. Thug e an t-aite comhaidh bu dùth' air e le caobhaig, far an do ghabh daoine còire ris gu caoinheil. Air dhaibh an tràidh a ruigheachd an aithgearra—sèul na truaighe—cha robh nac màthar r'a fhaicinn do'n cheathrar a dh'fhàg cair bòrd!—bha 'n cladaich air gach taobh air a chòmhdach le bloid-eann briste de'n t-saothach. Bha'n Sgiobair 'na bhana-trach—dh'fhàg e aon nigheann ann an Port-an-aigis, agus cha'n eil goirid bho na phòs fear de na lamhan. Bha cheithir cheud as trì barraillean deug air fhuichead de sgadan air bòrd. 'Nuair a dh'fhàg an cunntas mu dheireadh ùig cha dh'fhaing ach dà bharraille gu tràigh, agus cha deachaidh a h-aon de na cuirp fhaigheim.

MORTADH A'S REUBAIN AIR FAIRGE.

CHÀIDH mortadh a's reubain oilteil a' ghuathachadh ann an Iunsean na h-Aird-an-Iar, o chionn còig mìos, air sgioba saoitlich a bhuidheid de Ghlaschu do'm b'ainm an *Pomona*. Sheol i à Glaschu gu *Jamaica* mu mheadhoin cèud mìos an t-samhraidh. Air dhiùt an t-eilean sin a ruigheachd gu sàbhailte, fhuair i luchd ùir, as sheil ri dhachaibh. Cha robh iad ach trì làithean air fairge 'n uair a thug iad fàincair do Shaothach eile 'bhi gu'n leantainn. Cha do ro chòird a coltas ris a' Chaptein, agus ghnaithich e gach meadhoin chum a seachnadh. Bha i a buidhinn orra gu bras, agus ann an uine ghoirid chunnacas gu soilleir nach bi shaothach mar-sandalach a bh' ann, ach Fear-reubain! Thog an *Pomona* an sin gach seòl a bh' aice a's chaidh gach nì uidheamachadh leis an sgioba chum iad fèin a dhìon. Cha robh air bòrd ach an Capitein, dà *mheat*, aon seoladair deng, agus dithis bhlaichean, 's cha robh de dh'airm aca ach dà chanan bheaga, agus seann eilaidheam no dha. 'Nuair a thainig an naimhad dlù orra thug i saicheantais na Spàinde ris a charran, agus chunnaic muinntir na *Pomona* gu'n robh eadar ceud a's ceud gu leth air bòrd, 's gach fear dhia air armachadh le claidheamh. Ann an tiota thainig sgioba trì bhàtaichean gu taobh na *Pomona*, a bh' iarr iad bliadh agus airgid. Air dh'òrn a' Chaptein (Mac-an-Rothaich) fhaicinn an staid chruadaich anns an robh iad agus co beag fein a bhiodh ann an oidheipr trì 'na aghaidh 'leithid de dh'airgeam, dh'òntaich e gach nì reusanta 'thoirt daibh, nu'n biodh bù-banachadh sam bith air a thairgse dha feiu no d'a sgioba; ach cha robh ceasdachd no truscantas ri fhaotainn 'an cridhe nan daoine borra so. Leum iad air bòrd a's ghabh iad seilbh air char-nachdhar na *Pomona*. Ghairn Mac-an-Rothaich a chuid daoine 'a thaobh 'd' fhuach an b' urrainn dà còrda, air chor sam bith, ris nan naimhdean. Cha'n eiseadhd iad ri facl—thoisich iad air mortadh a's air spùineach. B'iad an Capitein agus a cheud *mheat*, an dithis a thuit an t-iseach—le cheile air an mortadh leis na beis-dein fàilceachdach so. Chaidh na h-nibhir de'n sgioba a mhortadh mar an ceudna, agus leum cuid eile dlù thar bòrd. 'An deigh an beagan a dh' fhuirech a bhòbanaichadh air dhòigh oilteil eileagail siad iad le cordaibh, agus thig iad air muin a cheile iad ann oisinn chumhainn. Spùinn iad an sin an saothach mar bh' mliann leocha, agus tholl iad an àite na dha i le torra, a chum 's gu'n rachadh i fodha! Goirid an deigh dhaibh a figail, chaidh aig na bha beò de'n sgioba air iad fèin fhuasgaladh, agus bha iad air an teasgairinn latha na dha an deigh sin, le saothach eile do'n eirich a bhì dol seachad an uair bha iad an imis dol fodha. Cha ro beò dlù ach an dara *mheat* agus trì de na seoladairan, agus bha iad ann an staid dhèisich. Chaidh gabhail ruitha gu caoinheil, a's an cur air tìr 'an *Hawona*, far an do gheall fear ghothaich Ban-ghair Bhreantainn deagh aire 'thoirt orra gus am faighe seòl air an cuir dachaibh. 'Nuair a rainig cunntas mu'n chuis oilteil so *Jamaica*, chaidh saothach cogaidh a chuir air deigh an luchd-reubainn. 'Se ar dolach gu'm faigtear graim orra, as gu'n diol iad air-ion an droch bhcartaich.

Fèin-mhurtadh.—Thainig duin' usal 'sa bhean, o chionn ghoirid, gu taigh-òsda measal ann an siorrachadh luncarair. Thaoibh coltais cha robh gainneal no bochdainn sam bith 'ar cor trioblaid air an intinn; bha iad fìor chaoimhneil 'a cheile, agus sràideamachd còmla, gach latha, timcheall a' bhaile. An deigh deigh làithean a chaitheadh mar so, air feasgar àraidh nuair a ghabh iad an dinnear, phaghaid iad airson gach nì a fhuair iad a's dh'fhalbh iad a mach, ag radhainn gu'n biodh e anamoch mu'n tilleadh iad—gu'n robh iad a' dol a' dh' amhàre na dùcha le solas na gealaiche. Air nachdinn an ath-latha bha fear-cosnadh a' gabhail an radhaid ri taobh aibhne, mu thairceann trì mìle bhò'n bhaile, agus thug e fàincair ad duine, a's sròl bìrrionach, air ceann sgàilean greine a bha air a shathadh 'san talamh, beagan bho air an uisge. Air dha sealtuinn 'an abhunn chunnaic e corp fìr agus mnatha nan sine taobh ri taobh, far nach robh ach beag doimhneachd uisge. Air dha cuidceachd fhaotainn às an taigh bu dlùithe

do laimh, chàitl na cuirp a thogail a's an uisge, agus fhuaras iad ceangailte r'a chéile, gárdean ri gárdean, le dà neabuin, té gheal a's te dhearg. B'iad so a cheart chraid a dh' fháig an taigh-òsd' air feasgar na h-oidhche roimhe. Ciod a bhuaid air cruich a chuir air an beatha féin, cha'n urrainnear innseadh. An uair a rannsaicheadh am pócan cha d' fhuaras ann' ach ochd-sgillinean deng a dh' airgead reall, a's dá sgillín chopair, maille ri seann uradair a ri séulaichean óir. Cha robb litir no paipear sam bith r'a fhuotainn a nochdadh co b'iad. Dh' fhag iad dá chiste leatharach 'san taigh-òsda, ach cha dh' fhuaras a bheag 'an sin na bu mhótha a dheanadh a mach co b' iad, no co dha a bhnuicadh iad.

BEATHA AGUS EUCHDAN AN LAOICH AINMEL URRAMAICH, SEUMAS GREUM, MORAIR MHONTRÓIS.

CHA bhòs ri ràdhainn gu'n do dh' àraich Albainn barrachd mhac, a reir a sluaigh, a chòisinn le 'm buaidhlibh clu neo-lhasmasr na dh' ainmichear le riochadh no cinneach eile fo'n ghréin. Air chùl nam arm 'an àm na tughail, an ealantan ionnsaichichte an àm na sìth, tha iad arann ainmél. Cha'n eil duilleag de dh' Eacdraidh a thionndar 'far nach faicear an euchdan ri' luaidh, a's cha'n eil cearna de'n t-saoghal, bho eirigh gu laidhe greine, 's nach cluinnear sgeùl air an clu. Ach cha'n eil a rinn òirn aig an àm seo leudachadh air eùchdan nan Albanach gu leir, 's e bu mhàinn léinn cunntas a thoirt seachad mu dheighinn nan gaisgeach a chuidich, le'n giùnabharaidh, ainm nan Gaidheal a thogail suas agus a sgoileadh thar gach tìr. Na 'm meag seo s' ganu gu'n beil neach a rinn barrachd na rinn am Flath Clàitreach air am beil sinn a dol a dh' òmradh. Air a ghintinn de shìchd nan cuiridhean calma' chuir stad air sgoathail fuilteach na Roinnhe, bhà còir air air a bhith treubhach; ann's gach linn bhà feirneadail ainmél am ceann mhaithne na tìre. Bhu' lathaidh Rìgh Fearghus a 11., cha'n eil coimeas no còdhaidh, strì no cath san robh saors' agus sonas na h-Alba ri 'sheasamh, agus nach faichte ceann cinnidh nan Greumach an tìs na comhstri. Cha do thiotair am fuiran òg seo cleachdadh na h-àitinn bho n'd' thainig e. Bhuilich nàdar air, arann am pearsa 's an intinn buaidhean nach b'ainneamh, 's ged nach robh e ach ceithir-bliadh deng 'n uair a thainig e 's taigh air an uighreachd le bàs athar (Morair Iain) anns a bhliadhna 1626, cha ghioraiche no m'stannachadh air an d' thug e 'n fhaire; lean e gu dealasach air intinn oileineachadh anns gach Seors' ionnsaichidh a bhà ri fhuotainn 's an àm sin 'na dh' àraich. Bho nach d'fhàg athair de theaghlach ach esan 'na aonar, thar a chùirden air posadh 's e, chomh d'èas, ach cha d' thug seo air lasachadh na rinn air aigne' dheasachaidh, a dh' òg, nach na h-ùibhe airde anns an robh aige ri ghlasad a coimhionadh nar bu chuibhe dhà. Air dha gach fòghlum a lha ri fhaighinn an Albainn ionnsaichidh dh' fhalbh e thar fàirge chum cleachdaineann riochachdan aineòil fhaicinn 's a thugisinn, agus air tilleadh dha gu dhùthach anns a bhliadhna 1634, tha e iar innisidh nach robh neach eile 's an Roinn Eorpa bu coimhiont' anns gach gnàs a fhreagradh do dhùin usal na esan. Bha chomspaid mh' shealbhach a dh' eirich eadar Rìgh Tearlach I. 's a sluaigh air tòiseachadh a 'n uair sin, agus cha luathaidh a thainig Montròse do 'n tìr na chaidh e 'm builgisinn na h-iorghuill mu 'n d' fhuair e nine air a chuis a rannsaichadh. Dian agus bras inntinneach mar bhà e ghlaic e cuis an t-sluaigh le uile chridhe. Chluannaig e gu'm robh an Rìgh ri ainneart air an t-sluaigh an uair a theann e ri creideamh 's sparradh òir 'n aghaidh an tòile, agus le gràin air aneacertas, nadara do'n intinn fhianghataich, raighnich e 'n taobh bu laige. Shuidhich na Cumhantaich ceathair chùitean an Dum-Eidnis ris an abairte na Buird, b' iad sin Bord nam Morairean, Bord nam Uaislean, Bord nam Bailtean mora, agus Bord nam Ministèirean, agus riutha seo bhà cuis an t-sluaigh gu leir air earbas. Ann sa bhliadhna 1639, air do'n iorghuill dol cho fad air a h-aghazr 's mach robh dòchas gun còrdadh iad féin 's Rìgh Tearlach ann an sìth, agus air do'n Rìgh feachd a thogail ann an Sasunna a los na cumhantaich Albanach a chuir fo smachd; dh' ordaich na Buird neart na h-Albann a thogail gu bhì ullamh airson gach nà a dh' fhaodadh eiridh a mach, ach an aite fuireach ri feachd an Rìgh a thigheinn do'n riochadh 's iad fein a thoiseich an tìs ri comstri. Air dh' àraiche an naoimhe latha de'n mhàrt an sà bhliadhna 1649, ghlaic *Suitair Leslie* eisteadh Dhun Eidin agus air Dio-domhach na dheigh ghlaic na cumhantaich Caisleat Dhumbreutin. Aig an àm cheudna cha robh caireann an Rìgh nan eadail. Thoisich Morair Huunduin ri chuid dhaoine thrusadh 'san airde math, agus air dha a bharrachd riochail a thogail aig *Ktoure* ghluais e gu Abaraidhinn faran do ghabh e seilbh 'an àm an Rìgh. Chual e anns a bhàile sin gu'n robh na cumhantaich air crìneachadh ann an Turriff agus chuir e roimhe sgapadh a chur anna. Sgrìobh e uime sin litrichean a dh' ionnsaich a chaireann iad 'g a choinneachadh air a cheart latha 's an aite cheudna. Thuit te deth na litrichean seo 'an lampaibh laimh Mhontróis, agus chuir esan roimhe, a dh' àraiche co theiridh e gu'n deandh e chaireann na cumhantaich a dhìon bho fuirceart. A chum seo a dheandh, ghrad chruinich e mu ochd ceud fear agus mhears e gu Turriff. Air do 'na Gordanach tighinn air an aghart feadh an latha, b' ioghadh leotha claogh a bliatle fhaicinn lán dhaoine fo'n armaibh agus gu

b-raid 'nuair chluannaig iad an gunnaichean ullamh gu losgadh orra thar baiba chloagha. Thill iad air an ais mun euir de dha mhìle bho'n bhaile far an do stad iad gun an d' thainig an ceannard Morair Huunduin g' an ionnsaidh ach ged bhà na Gordanach cor is da mhìle air Ionmhòirrachd cha do ghabh an ceannard misneach gu aghaidh a thoirt air Montròs ged nach robh aig ach ochd ceud fear.

(K'a bhì air a teantunn' san ath airmoimh.)

Leabhraichean ura Gaelig.

EACHDRAIDH A PHRIONNAS, NO BHLADHA THEARLACH—LE Iain Mac-Choinnich, *Ball de Chonunn Oisianach Ghlascho; de Chonunn na Gùelg an Lunnain, &c. Fear sgrìobhadh "Sar Obair nan Bard Gaelach, agus Eacdraidh beatha nan Bard," &c., &c., &c.*

CHADH sinn troimh an leabhar seo bho thoisich gu deireadh, cha b'ann gun chràdh intinn no gun rathadh gruadhach ri faicinn an riastaidh agus an ablachaidh a rinnadh leis an ughdair air seana-chas cuimhneachain an laich riochail, Tearlach Stiubhart, (ris an abairte gu fìor Prionnas na Gaidheal,) agus nan gaisgeach fearail a dh' eirich leis anns a bhliadhna 1745. 'S cinnteach sinn nach 'eil an diugh anns an Roinn Eorpa, cainnt eil' anns am biodh a' chridh aig neach leabhar a' chur a' mach far am faicte follaiseach, aineolas, dh' fiosaichidh agus cion-cuiraim cho iomarach agus cho soilleir 's a chùitear anns an leabhar seo. 'S goirid an ùine bho 'n dh' fhaodadh gach neach a thairneadh ramacha dubha air paipèir, leabhar a chur a mach 's a ghaidhlig gun eagal bèrma no cronachaidh bho theanga speileadair no bho bhèul caraid; ach tha 'chuis a' nis iar atharachaidh, rinn Gràmaran an Stiubhart, an Rothaich agus an Fhoirbeisich, suilean nan Gaidheal fhoghladh, agus ged tha iad fathast tuille 's fàbhorach ri oibrichibh mh' Join-eil bheadagn bhatiseach agus fàis ch' f' uis 's laotha 'naire no 'n eua-chainn, gidheadh 's math is faimhe dhaibh co 'chuireas gaidhlig an ordugh air sìol ceart, agus 'g am fathne suas-chaimt a' chur sìos a' reir riaghailtean gramairail. A chum 's gun tuigeadh iadsan do nach d' eirich an leabhar seo 'cheannach an cùmhraidh na dha dlith orra, cuiridh sinn sìos sgoabidhean an sìol 's an seo mar a thig iad gu 'n laimh; a' gealltainn gu 'n bi iad iar an cur sìos, dìreach mar a tha iad anns an leabhar féin. Chi sinn aig a thoisich. Tha an leabhar so iar a chur a mach fo thearumnan an usail oirdire, agus ionnsaichte Tearlach Inheir Stiubhart, &c., &c. fo *iomadh Comain an ughdair, Iain Mac-Choinnich*. 'Nise 's tric le nuimhir a dh' iarras fàbhor, a' dèachd gu'n beil iad fo chomaid do neach a ri fàbhor' riutha ach tha Iain Mac-Choinnich na 's airde beachd, tha e 'g asluachaidh tearmuinn an Usail Stiubhart 'an aobhar a leabhar, agus aig an àm cheudna 'cumail a mach gu 'n beil an t-usal sin "fo *iomadh comain an ughdair*." Dh' fhaòite gur h-è seo cuid de 'n t-seana ghaidhlig a tha e 'z' ainneachadh beagan duilleig 'na dheigh seo, far am beil e 'cur 'na teagamh nach tuigear a chaint a thaobh sìnid a briathran agus a bharrasgoileireachd; mur h-è seo a chaint a ta fearsgrìobhadh eacdraidh na ghaidhlig ag innseadh dhùinn a labradh leis na bruidenan ma 'n do chruthaicheadh Adhamh, cha 'n aithne dhùinne e aite 'n do labradh riabh i, ach mu bharrasgoileireachd Iain mhic Choinnich, 's è ar barail gur h-è b' fhearr a b' aium dhì sgoisgoileireachd, mar a nochdar leinn ma 'n dealaich sinn. Air taobh duilleige 11, tha na briathran seo; "Anns a bhliadhna 1645, chuir iad (*na gaidhli*) latha Chill-Saoidh an aghaidh Rìgh Shasuin, ann an aobhar Sheumais an 111. Rìgh Alba." Dh' fheoraicimid, am b' urrainn cion fiosaichidh dol na b' fhaide na seo? Co 'm balachais is urrainn lèughadh aig nach 'eil fios gu'n do mhortadh Rìgh Séumas a 111., anns a bhliadhna 1488 aig *Bannochburn*, gidheadh tha Iain Mac-Choinnich ag radhainn gu'n robh e beo "Bliadhna 1645 ma chreideas sinn e. Air taobh duilleige 15 chithear—" Bho'n àm sin (1715) a nios gu bhliadhna Thearlaich (1745) &c., thog iad trì daingheach (no Gearasdanan) ann an Siorrachaidh Iubheirneis, &c." A' ciallachadh Aird nam saor, Cille-Chhimein agus Iubhurlochaidh. Tha fios againn gu'n do thog *Cromwell* Gearasdan ann an Iubhurlochaidh agus gu'n do thogadh as ur e le Rìgh Uilleam a 111. ma'n d' thainig Rìgh Deorsa riabh a. *Hanover*, agus tha fios againn nach do thogadh Gearasdan Aird nam Saor 's Chille Chhimein gu dèigh bliadhna Thearlaich, ach 's leoir seo airson colais agus fiosaichidh ughdair an leabhar seo 'nochdadh ann an t-sealladh ebeart. Cuiridh sinn a nis an sìos beagan de ghaidhlig ghàlda 'n sgrìobhadair seo, a leigeadh a shnas-chaimt. Air taobh duilleige 12. Chithear "air dh' sathurn thainig an da armait an fradharc a chéile, ma thuite am na h-oidheche bhà iad *nan dithist* air "Sìlab an t-siorraimh." *Dithist Armatleann!* sin againn gaidhlig ùr. Air t. d. 14, "*a' cùimseachadh ri Gùel tapaidh a thuit.*" Nach *lasda* chaintinn seo? Air t. d. 42, "a dh' ionnsaich e *the thainig e dh' Alba*." Cha ghaidhlig Albanach seo. Air t. d. 44, "Cha luaithe fhuair iad *crathadh an fhuir de laimh ubh an Diuc*." Am b' àil leat gu'n faigheadh iad crathadh na umatha, Iain? Air t. d. 47, "Air fàighinn nam bàtaichean deas air *an cinn*." Sin thu Mhìc-Choinnich! Cha bu ch' iair an casaidh iad. Air t. d. 199, "Anns an robh e *dhù fhalach fen*." Cia mar a fhreagradh, bho thalach féin duit ughdair? Air t. d. 202. "Chu luath 's a

chuir Fear Clise Borgh Tearlach a steach do Sheomar mor nan Aoidhean, *Chaidh e thogail bean an taighe.* "S' ole nach d' inis ius 'cuithrion' dhuinn mar an ceudna. Air t. d. 194. "An t-ainm a ghoirear de *dh'ionnadh fhalach Tearlach.*" Ach 'arson a leudaicheadh-mid air mearachdan cho lomhoir; tha e soilleir nach aithne do 'n ughdair tri facail a chur 'an ordugh ceart, ann an litreachadh to 'n clannadh, agus ma dh'ericir dha cannt ceart a sgrìobhadh ann an aite uo 'n aite, 's dearbhte gur h-ann bho thuiteamas 'a thlachair dha 'dheanadh; cha 'n ann bho' ionnsachadh. Chithear ainmean ann an aon aite fhrionta agus na h-ainmean ceudna ann an a' eile boirionta. Chithear iad agus an chor ainmeach 'n uair bu choir dhaibh a bhì anns a chor bhuinteach. Chithear iad anns a chor bhuinteach an uair bu choir dhaibh a bhì anns a chor ro-lideach; cha 'n eil duilleag air an seall sinns nach 'eil mearachd air muin mearachd, agus b' e ar comhairle dhìrachdach do 'n ughdair e 'leigeadh dheth sgrìobhadh, agus tionndadh ri ceaird ionraich sam hith leis ann faigheadh e teachd an tìr agus aodach, oir 's cinnteach sin nach cuir na 'sgrìobhaiche air an doigh seo, airgid 'na phoca no cliu air ainm; na mealladh se' e fein agus na tugadh e feairt air luchd miodal; ged rinn an luchd dealbh-bheirteach an cuid fein deth le ragha paiper agus ailtbheirteach agus ged bhiodh an leabhar air a sgrìobhadh ann an sàrghaidhlig Albannaich, bhiodh e daor, daor air tri tasdain an aite nan coig sgìlleanan gealla sasmnach, mar a phlàigheas gach neach a cheannachas e ma'n faigh se 'na dhorn e, ach 's e ar barail gur h-ainmean iad a dh'iarraas seilbh air.

AN TIONNADH NUADH.

Tha clò-bhualladh ùr de'n Tionnadh-nuadh dìreach air tighinn a mach, agus their sinn gun ag, nach faic sinn an leabhar ceudna air a clò-bhualladh riann cho saor o mhearsachdan. Bha so' an carbsa ri duin' uasal a thatar a cumntas na sgoilear ainmeil gaelic, agus gu dearbh cha lughadaich an chram a ghabh e de'n obair so a chliù. Mar a bha'n leabhar a' dol troimh 'n clò chaidh na h-ubhlir de a thoirt fo bhealach cuid de mhìnistèirich Gaidhealach air feadh na dùcha, agus thug gach fear dìubh, fa leth, a bhàral gun' robh gach atharachadh a chunnaic e ann na leasachadh mòr. Tha buaidh eil' air nach measa—a bhì na 's saoire na h-aon a chaidh roimhe. Gheabhar an nis' an Tionnadh-nuadh, na sailm, na laoidhean, na dàin naomha, &c, agus da shìeud deug 'ar fhichead, ceangalte ri'cheile,—agus so aile airson son tastaìn! Tha e mar an ceudna fìor ghoirreasach airson a phòca; cha'n eil e ach ceithir òirlich gu leth air fad, tri òirlich air leud, agus gann tri cheathrannan an òirlich air tinghadh.

Chaidh ioma leabhar eil' a chuir a mach anns a ghlaelz bho chionn bhliadhna; ach cha'n urrainn duinn labhairt mu thuille duibh aig an àm. Chitèar an ainm 'a' ann pris mar a leanas.

PRIS LEABHRAICHEAN GÀIDHEALACH.

An Cogadh Spioradail : Searmon le Tormaid MacLeòid, D.D.,	£ s. d.
An Eaglais Choitheann : no, Eachdraidh na h-Eaglaise,	0 0 3
An Tionnadh Nuadh maille ris na Sailm, na Laoidhean na Ceistean agus da shìeud deug 'ar fhichead,	0 0 6
An t-Iomhas : no Co-chruinneachadh de Dhàin Spioradail,	0 0 3
Aireamh Thaghta de Shearmonaich an Ollamh E. Blair,	0 2 6
An Camadh 's a' Charachur : no, Giochas agus Ard-Uachdranach Dhè air an Fòillsachadh ann an Aongharaidh Dhaoine. Le Iain Buinain,	0 2 6
An Teachdaire Gaelach, o Bheallthinn, 1829, gu Beallthinn, 1831,	0 12 0
Adhann agus Eabhlach, Craobh-Sheumachais nan Gàid,	0 1 0
Beatha agus Iomphadh Dhùghail Boehmann, Maille r'a Laoidhean Spioradail,	0 2 0
Cuairt an Eilthirich : no, Turas a' Chrìosduidh o'n t-Saoghal so chum an t-Saoghal ri Teachd. Le Iain Buinain,	0 3 0
Cuairtear nan Gleann, da fhichead aireamh, gach h-aon,	0 0 6
Ceannt-hill an Fhìr-Iurich do dh'America nan thànach,	0 1 0
Companach do Luchd-Brìnn : no, Comhairle Chrìosd d'a Mhìthair : maille ri Roimn de Lìricheibh S. Lutherford,	0 2 0
Dàin Spioradail, Le P. Grand,	0 1 3
Dàin Spioradail, Le D. Buchanan,	0 0 3
Dàin a Chòidhmadh Cràbhaidh, Le Seumas Mac-Ghriogair,	0 1 0
Dealhan agus Gearr-Nalgeachadh o'n t-Seann-Tionnadh agus na Tionnadh Nuadh,	0 0 4
Eachdraidh Fhìrinnach na'n Cugadh Naomh a rinnadh ri Rìgh-Saddai ri Diabolus, a chum Ard-Bhàile an t-Saoghail Ath-Ihnaachd; no, Call agus Ath-Ghlaelz Baile Anan an Duine. Le Iain Buinain,	0 3 0
Eachdraidh Joseph, Mhìe Iacòb,	0 1 0
Eargan De'n Leabhar Cheumneiche Aithdeasichte, a ta nochdadh Teagais Rùn agus Nòis Na Papanach, &c.,	0 0 4
Eargail Dhùrachdach do Phèacach Neo-Iompaichte, Le I. Ailwin,	0 1 6
Gramar Gaelic le Seumas Mac-in-Rothaich,	0 4 0
Le Iain Foirbeasach,	0 4 0
Leabhar Aithghearna nan Ceisid,	0 0 1
Chiedh na Mathar,	0 0 1

Leabhar-Ceasnachaidh mu Ordugh a' Bhaistidh, chum Pàrantan Og a chuideachadh gu Beachd Sgrìobtarail a ghabhail air Brìgh an Ordugh so,	£ s. d.
Leabhar nan Cnoc : Comb-Chruinneachadh de Nìthibh Sean agus Nuadh, airson Oillean agus Leas nan Gàidheal. Le Tormaid MacLeòid, D.D.,	0 0 6
Leabhar-Ceasnachaidh an Og Luchd-Comunnachaidh; no Còmhndadh, anson aithghearr agus soilleir, chum Muinntir Og a Shealladh agus Ullachadh chum Teachd air Mhòid Iomchaidh gu Bòrd an Tigh-eurna,	0 0 8
Maigbistic na' Mothannan, (or the Gentleman's Book of Etiquette),	0 0 6
Nàdur an Duine 'na Staid Cheithir-Fille; no, Staid Ceud Ionraicais, Staid Truailleachd Ionlan, Staid Saorsa air Tòisachadh agus Staid Sòmais no Truaiseig Ionlan;—ann an Cinn-Teagais fa leth, Nighnan an A'irich : Cunnas Fìrinnach agus Cudthronach, ann an Cinn-Teagais, Ennarrachadh,	0 4 0
Sealadh agus Mìneachd do Neach a tha fo Iomagain ag Iarraidh an Deigh Slàimte,	0 0 6
Searmonau Dùthcha; no, Teagasgan Aithghearr agus Soilleir chum 'Feum Theaghlachain, Sgoilean agus Comunnan Crabbach. Le G. Burder,	0 2 6
Searmona, le Eòbhan Mar-Dhiarmaid,	0 5 0
Searmon, le D. Dewar, D.D.,	0 1 0
Thig Agus se' do Bheatha chum Iosa Crìosd. Le Iain Buinain,	0 2 0
Urnuighen airson Teaghlachan, &c. Le I. Smith, D.D.,	0 0 6

Fèil na Manachain.—Bha dùimhalas mòr fendalach air an fhèil so. Cha robh ann margadh ro bhrìg ach bhì prìsean daonna an co math 's air an fhèil mu dheireadh. Bha iad a ruith mar a leanas.—Tri bhliadhnaich dhann o chòig puind 's còig gu seachd puind 's a' deich; da-bhliadhnaich o sheachd deug 'ar fhichead 's sca sgillinean gu còig puind a dhà 's sca sgillinean; sca-raighich o dhà puind shasunnach gu trì puind 's a deich; da-bhliadhnaich aighean o dhà puind 's a deich gu ceithir puind seachd a' sca sgillinean. Bha mòran chaorach a lathair còideach. Chaidh muilt (luchd nan aodanan dubha) a reic o cheic 's sca sgillinean gu còig tastaìn deug, agus caoirich sheasg o chùn gu sca tastaìn; caoirich sheasg, nan aodanan geala, o chd tastaìn gu h-aon deug; uain, nan aodan dubha, o cheithir 's sca sgillinean gu seachd tastaìn. 'S duillech leinn a ràdhain gu dh'fhàg mòran croidh a' s meana-chruidh ann margadh gun mharsand fhaoitain.

MARGAINEAN.

DAILCHE, an t-ochdamh 'ar fhichead de'n mhios a dh'Fhailh.—Mìn-choire' an snc (250 puind) o naoi tastaìn fhichead gu h-aon deug 'ar fhichead a' sca sgillinean; muin pòca o cheithir tastaìn fhichead gu còig 'ar fhichead a' tri sgillinean; muin pessa-rach tastaìn 'ar fhichead.

ATA, an naoidheamh na fhichead.—Feudail; crodh bainne o chòig puind shasunnach gu aona ghinea deug, marit-fheil o chd tastaìn o chd a' sca sgillinean a chlach thom; muilt duibh-cheannach, o thri tastaìn deug gu chd deug; coirich sheasg o dhèibh gu trì tastaìn deug.

GLASGOW, an t-ochdamh na fhichead.—Iha mòran de dhroch fheudail 's a' mhargadh air an la so, agus prìsean mu thri sgillinean a chlach ni 'b'is le na air an t-seachd-oin roimhe; caoirich tastaìn an cean ni 'b'is le.

LIVERPOOL, an seathamh na fhichead.—Cloidh smuirt o chd a' sca sgillinean gu naoi as sca sgillinean a chlach shingilt; clòimh leuc o dhusan tastaìn gu dhà deug a' sca sgillinean.

GLASGOW, an deichdamh latha fhichead.—Bha seann chàise ga reice an duigh o choig a' da fhichead gu leth chd tastaìn, an ceud cudthron; cais ur o sheachd-oin 'ar fhichead gu da fhichead tastaìn. Im ùr aon sgillin deug am puind; im Eirreannach o chd a' sca aon puind. Uibhean, o naoi sgillinean gu tastaìn an dusan; uibhean chearc tureach còig sgillinean deug. Eirrean o chd sgillinean deug gu dhà 's sca sgillinean a phaithear. Tunnagan, dhà a' tri sgillinean a phaithear.

FACAL 'AN DEALACHADH.

Tha sinn a cuir na h-àireamh so de'n Teachdaire, agus uibhris as "fathur le rabhadh an eòin," a dh' ionnsaidh nan càirden sin a lean gu dìleas ris a' "Choir-tear" thad 'sa bh' bheoth e. Mar fath sin athrachadh fìos bhòp' air a mhios so, bhithidh sinn a' cumtas gu' no chd iad an càirdes ceudna do'n Teachdaire, gu' n gabh iad ris gu sùilbheara, agus gu' n paigh iad gu puigail air a shon. 'Bhithidh sinn fad' nan ceann mu sgoiltes iad forghais mu bhrèth an Teachdaire 'bhos a' thall. Inneadh iad do gach neach leis an miann fhaotain gu' n ruig e iad leis a phòd gu rìghailteach, gu ceann se miosan 'na chuireas iad o chd-sgillinean deug g'ar n-ionnsaidh 'ann bròin litreach, no, ma se is goirreaseach leotha, dusan gu leth de postage stamps. Tha e co saor—tri sgillinean sa mhàin—'s a' meil eil callag shearbhaite no buachaile bogh, 'sa Ghàidhealchadh nach faod ruigh-cheall air.

Sanas.—Tha dlith oirnn triuir no ceathrar de dh' òganach chruadalach thapaidd, fo fhichead bhliadhna, a labhras gaelic, agus a gheabh urras ann an suim chòig puind sasmnach, a shiubhal air feadh nan dùchann le leabhraichean gaelic, agus a thrusadh chumtas air son. Bhithidh a chmhr' aca fein mur dean iad air a' chuid a' s' lugh, cleazh thrusadh cìobair deth. Cha bhac sinn daibh a bhì mallairt ann am bathar eile mus miann leotha.